Aithisg Bhliadhnail
Annual Report
2008-09

Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig

a' toirt taic do dh'fhoghlam Gàidhlig gu nàiseanta
supporting Gaelic education nationally

Stòrlann
Nàiseanta na Gàidhlig

3 **Rò-ràdh bhon neach-cathrach**
Chairman's introduction

4 **Buill a' Bhùird-stiùiridh agus phannalan comhairleachaidh**
Board membership and advisory panels

5 **Lèirmheas a' Cheannaird**
Chief Executive's review

7 **Luchd-obrach**
Staff

8 **Prìomh ghnìomhachd**
Main activity

17 **Compàirteachadh**
Partnership

18 **Sùil air adhart**
The road ahead

Siuthad!

Siuthad!

AITHISG BHLIADHNAIL 2008-09
ANNUAL REPORT 2008-09

Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig
11/12 Acarsaid
Cidhe Sràid Chrombail
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DF

Fòn: 01851 700 880
Facs: 01851 700 870
oifis@storlann.co.uk

Àireamh chlàr.: SC 190298

Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig
11/12 Harbour View
Cromwell Street Quay
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2DF

Phone: 01851 700 880
Fax: 01851 700 870
oifis@storlann.co.uk

Reg no.: SC 190298

www.storlann.co.uk

Ro-Ràdh bhon Neach-Cathrach
Chairman's Introduction

Murchadh MacIomhair,
Comhairle Lannraig a Tuath
Murdo MacIver,
North Lanarkshire Council

Tha e a' toirt toileachas mòr dhomh ro-ràdh a sgrìobhadh airson aithisg bhliadhnail a tha na dearbhadh air eifeachdas agus ruigse nan seirbheisean a th' air an tabhann do dh'fhoghlam Gàidhlig le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig. Tha leudachadh air tighinn air gnìomhachd sa bhliadhna chaidh seachad, gu sònraichte a thaobh chothroman nàiseanta CPD tro cho-labhairt 'An t-Alltan', a thaobh iomairtean ùra ann an ionnsachadh agus teagasg – mar eisimpleir am prògram-cànain ùr, Mìrean – agus a thaobh co-phàirteachadh le Ionnsachadh agus Teagasg Alba, Urras Theisteanasan na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig, Ùghdarrasan Ionadail is eile. Tha mi a' cur fàilte gu sònraichte air a' ghoireas ùr 'Ceumannan', a tha na cheum cudromach ann am foghlam luchd-ionnsachaidh òga na Gàidhlig agus a chuireas taic ri iomairtean nàiseanta gus cur ri àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig.

Bu mhath leam taing a thoirt do Bhòrd-stiùiridh Stòrlann airson an taice tron bhliadhna agus bu thoil leam iomradh sònraichte a thoirt air Lachaidh Dick, a leig dheth a dhreuchd aig Sabhal Mòr Ostaig agus mar sin, ballrachd de Bhòrd Stòrlann, agus air Catrìona Dunn, Iar Neach-cathrach Stòrlann fad dà bhliadhna gus an do leig i seachad a dreuchd fhèin aig Comhairle nan Eilean Siar san t-Sultain am-bliadhna.

Bu mhath leam aithne agus moladh a thoirt don obair a rinn luchd-obrach Stòrlann thar na bliadhna a dh'fhalbh, a bha cuideachd air a h-aithneachadh tro aithisg air leth brosnachail bho Chreideas nar Cosnaichean sa Mhàrt am-bliadhna.

Tha Stòrlann a-nis letheach tron phròram foillseachaidh trì bliadhna a th' air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig, agus ann an ùine gun a bhith fada tòisichidh co-chonaltradh gus prìomhachasan ùra a steidheachadh airson nan ath thrì bliadhna. Dh'iarrainn air gach uile neach aig a bheil ceangal ris a' chompanaidh cur ris a' phròiseas seo airson dèanamh cinnteach gum bi obair a' chompanaidh fhathas a' cur ri fàs agus càileachd foghlam Gàidhlig san àm ri teachd.

I am very pleased to introduce an Annual Report which bears witness to effective and far-reaching support services for Gaelic education from Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig. The past year's activity has seen the agency cover new ground in terms particularly of national CPD opportunities through the 'An t-Alltan' conference, and also in the areas of learning and teaching initiatives – for example the 'Mìrean' Language programme – and partnership working with Learning and Teaching Scotland, The Scottish Qualifications Authority, Bòrd na Gàidhlig, Local Authorities and others. I particularly welcome the publication of the first stage of the Ceumannan resource, which represents a significant step in Gaelic learners' education, in line with national commitments to increasing numbers learning Gaelic.

I would like to extend my thanks to Stòrlann's Board of Directors for support through year, and in particular to pay tribute to Lachie Dick, who retired from his post at Sabhal Mòr Ostaig and therefore from Stòrlann's board in the summer and to Catherine Dunn of Comhairle nan Eilean Siar, who was Stòrlann's Vice Chair for two years prior to her retirement in September of this year.

I wish to acknowledge and pay tribute to the work of Stòrlann staff in the past year, which was recognized in a very positive report from Investors in People in March of 2009.

Stòrlann is now half-way through its three-year publication programme funded by the Scottish Government and Bòrd na Gàidhlig, and the organisation will shortly begin consultation on priorities for the next three-year plan. I would urge all stakeholders to engage with this process in order to ensure that the organisation's work continues to contribute to the growth and quality of Gaelic education in years to come.

Buill A' Bhùird Stiùiridh
Board Membership

Murchadh MacIomhair, Comhairle Lannraig a Tuath
Murdo MacIver, North Lanarkshire Council
Neach-cathrach I Chairperson

George Reid, Comhairle Bhaile Dhùn Èideann
George Reid, City of Edinburgh Council

Dòmhnall MacLeòid, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bòid
Donald MacLeod, Argyll and Bute Council

Dòmhnall MacNèill, Comhairle na Gàidhealtachd
Donald MacNeill, The Highland Council

Catrìona Dunn, Comhairle nan Eilean Siar
Catherine Dunn, Comhairle nan Eilean Siar
Iar Neach-cathrach I Vice Chairperson

Jim Whannel, Comhairle Bhaile Ghlaschu
Jim Whannel, Glasgow City Council

Lachaidh Dick, Sabhal Mòr Ostaig
Lachie Dick, Sabhal Mòr Ostaig

Eairdsidh MacIleathain, CnaG
Archie MacLean, Comunn na Gàidhlig,

Thàinig Lachie Dick agus Catrìona Dunn far a' Bhùird san Lùnastal agus san t-Sultain nuair a leig iad seachad na dreuchdan aca aig Sabhal Mòr Ostaig agus Comhairle nan Eilean Siar. Tha an companaidh a' toirt taing chridheil dhaibh airson an taice agus an obrach thar nam bliadhnaichean.

Lachie Dick and Catrìona Dunn left the Board in August and September respectively, when they retired from their posts at Sabhal Mòr Ostaig and Comhairle nan Eilean Siar. The company wishes to thank Lachie and Catrìona for their support and commitment during their tenure.

Buidheann-Chomhairleachaidh Ghoireasan
Resource Advisory Panel

Donalda McComb, Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu
Donalda McComb, Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu

Dòmhnall MacLeòid, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bòid
Donald MacLeod, Argyll and Bute Council

Raonaid Nic a' Phearsain, Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu
Rachel MacPherson, Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu

Seonag NicFhionghuin, CnES
Joan MacKinnon, CnES

Marina Ghreumach, Bunsgoil Condorrat
Marina Graham, Condorrat Primary School

Mairead NicConaill, C. na Gàidhealtachd
Margaret MacConnell, Highland Council

Bha na leanas an sàs am pannalan eile
The following individuals were also involved in advisory panels:

Catrìona Chaimbeul; Fionnlagh Coineagan; Iain Cuimeanach; Tormod MacArtair; Ruairidh Mac a' Phiocair; Iain MacIlleChiar; Dòmhnall Iain MacLeòid; Peadar Morgan (Bòrd na Gàidhlig); Nancy Nic a' Ghobhainn; Chrisma NicDhòmhnaill; Jo NicDhòmhnaill (BBC Craoladh nan Gàidheal); Julie NicNèill; Anna NicSuain (Colaiste a' Chaisteil); Rut Chaimbeul; Boyd Robastan (Sabhal Mòr Ostaig); Iain MacDhòmhnaill (Comhairle nan Leabhraichean); Iona NicRisnidh (BBC Craoladh nan Gàidheal)

Leirmheas A' Cheannaird
Chief Executive's Review

Mairi Kidd
Ceannaird
Mairi Kidd,
Chief Executive

Anns na dusan mìosan on a dh'fhoillsich Stòrlann aithisg bhliadhnail 2007-8, tha leudachadh mòr air tighinn air prìomh ghnìomhachd a' chompanaidh a thaobh gach cuid farsaingeachd is ruigse nan stuthan agus comas lìbhrigidh agus thathar air grunnan phròiseactan a lìbhrigeadh ann an raointean far an robh easbhaidhean roimhe.

Bha cothrom aig a' chompanaidh pròraman a leudachadh gu mòr ri linn àrdachadh maoineachaidh bho Riaghaltas na h-Alba de dh'ochdad 's a sia mile not an 2008-9 agus fichead 's a ceithir mile eile an 2009-10.

Chaidh comasan lìbhrigeadh a' chompanaidh a leasachadh mu choinneamh an leudachaidh seo tro dhreuchdan ùra eadar-theangachaidh is dealbhachaidh a tha air cosgaisean a lùghdachadh agus air leigeil le Stòrlann barrachd obrach a ghabhail os làimh do bhuidhnean eile a thaobh Leasachadh Dreuchd Leantainneach agus Dearbhadh Càileachd.

Am measg thachartasan mòra na bliadhna bha foillseachadh a' chiad cheum de 'Ceumannan', sreath ùr do luchd-ionnsachaidh san àrd-sgoil.

Bha am pròiseact air a stiùireadh le Shona NicCarmaig, Oifigear Leasachaidh Àrd-sgoile, le taic bho phannal-comhairleachaidh de thidsearan. Am measg nan stuthan on Sgrìobhadair Emma Christie tha leabhar-teacsa le eadar-sgaradh agus gnìomhan leudachaidh, stuthan-èisteachd agus ceanglan curraicealaim agus làrach, air a dhealbh le Niall Mac a' Ghobhainn, trom faighear cothrom stuthan iomlaid is eile. Tha an làrach mar shamhla air comasan sgioba Stòrlann a thaobh dealbhachaidh is foillseachaidh.

Lìon co-labhairt 'An t-Alltan' san Dàmhair 2008 am beàrn a dh'fhàg 'A' Chuisle' agus chaidh fàilte chridheil a chur oirre le luchd-teagaisg agus ùghdarrasan

In the twelve months since the publication of Stòrlann's annual report for 2007-8 the company has seen considerable expansion in the two key areas of range and scope in resource output and of delivery capacity, and the delivery of a number of projects tackling specific deficits in Gaelic curriculum resource.

Considerable extension in the agency's programmes was facilitated by an increase in grant from The Scottish Government of eighty-six thousand pounds in 2008-9, and of a further twenty-four thousand pounds in 2009-10.

Increase in activity was matched by increased in-house capacity, including the creation of in-house translation and design posts. This strategy has to date proven extremely successful, allowing the company to make considerable efficiencies and to offer additional support to partner agencies in the areas of Continuing Professional Development and Quality Assurance.

Significant events during the year include the launch of the first stage of the 'Ceumannan' resource suite for Gaelic learners in the Secondary school.

Authored by Emma Christie and project-managed by Shona Cormack with support from an advisory panel of practitioners, the suite includes a substantial textbook incorporating differentiation and extension activities, listening materials, teachers' notes, curriculum links and an innovative online community with potential for content sharing and social networking. The Ceumannan site was created by Web and IT Officer Neil Smith and is testament to Stòrlann's increased in-house capacity in design and publication.

The 'An t-Alltan' teachers' conference in October 2008 saw the gap left by the cessation of the 'Cuisle' event filled and was warmly welcomed by teaching staff and local authorities. Over one hundred delegates joined

Leirmheas A' Cheannaird
Chief Executive's Review

ionadail. Thàinig còrr is ceud duine còmhla ann an Taigh-òsta Dhruim Athaisidh airson seiseanan air iomairtean ùra ionnsachaidh agus teagaisg co-cheangailte ri goireasan Stòrlann. Fhuaradh maoineachadh a bharrachd on bhuidheann eadar-ùghdarrais MRG mu choinneamh tachartas eile ann an 2009, a bhios air a chumail air 7 agus 8 Dàmhair ann an Stirling Management Centre.

Chaidh Stòrlann a mheasadh le Creideas nar Cosnaichean tràth ann an 2009 agus chaidh a lorg gu bheil an companaidh làidir agus èifeachdach, le misean soilleir agus dealas a thaobh cothroman ionnsachaidh agus leasachaidh a thoirt do chuid dhaoine. Thathar air cothroman ionnsachaidh ùra a leasachadh tron bhliadhna do chunnradairean agus luchd-dèiligidh eile, nam measg stuthan 'An t-Alltan', a tha a-nis rim faotainn air-loidhne, stiùireadh ùr agus ath-sgrùdaichte do dh'eadar-theangairean agus seachdain-trèanaidh do sgrìobhairean ann an Ulapul far an robhar a' coimhead gu sònraichte air leasachadh stuthan-leughaidh do dh'òigridh. Tha Stòrlann a' meas nan leasachaidhean seo gu math cudromach leis mar a thathar gu mòr an comain nam foillsichearan agus nan cunnradairean faleth a tha a' lìbhrigeadh phròiseactan don chompanaidh.

Tha Stòrlann, mar as àbhaist, cuideachd gu mòr an comain buill phannalan-comhairleachaidh is tidsearan eile a th' air beachdan is stiùir a thoirt don chompanaidh mu stuthan is dòighean-obrach. Tha taing shònraichte a' dol gu Seonag NicFhionghuin a dh'fhàgas am prìomh phannal san Dàmhair nuair a thòisicheas i ann an dreuchd ùr mar Cheannnard Foghlaim is Seirbhisean Chloinne aig Comhairle nan Eilean Siar.

AN SGIOBA

Chuir Stòrlann fàilte air Áine NicCarmaig mar Neach-dealbhachaidh (Foillseachaidhean) agus air Mòrag NicIlleathain mar Eadar-theangair sa Ghiblean 2009. Tha Áine air duaisean a chosnadh airson a cuid obrach san raon choimearsalta agus tha cliù aig Mòrag mar shàr eadar-theangair ann an raon foghlam Gàidhlig far a bheil i air a bhith gu math aithnichte fad ùine mhòr.

SÙIL AIR ADHART

Tha Stòrlann a-nis letheach tro phròg ram trì-bliadhna Riaghaltas na h-Alba/Bòrd na Gàidhlig. Bidh cuideam air stèidheachadh phrìomhachasan anns na mìosan ri teachd. Bidh an obair seo stèidhichte air measadh dhe na stuthan a nochd roimhe, beachdan luchd-teagaisg agus comhairle bho Luchd-sgrùdaidh na Banrìghinn air Foghlam, Ionnsachadh agus Teagasg Alba agus eile.

Stòrlann in The Drumossie Hotel in Inverness for a range of sessions exploring new teaching and learning initiatives linked to Stòrlann resources. The inter-authority MRG consortium provided additional funding against a repeat event in 2009, scheduled for October 7 and 8 in Stirling Management Centre.

An evaluation of Stòrlann by Investors in People in early 2009 found the company to be robust and effective, with a clear mission and a real commitment to learning and development for all of its people. The agency has developed learning opportunities for contractors and stakeholders considerably during the past twelve months, publishing reports and other materials from all Alltan sessions online, developing or redeveloping guidelines for translators and others and running a writers' week in Ullapool focusing on improving content for children and young people. This reflects the agency's commitment and gratitude to those publishers and individuals who undertake resource creation on its behalf.

Thanks are due, as always, to the members of advisory panels and individual teachers providing feedback and guidance on new resources and approaches. Special mention goes to Joan MacKinnon of Comhairle nan Eilean Siar, who will leave the main Advisory panel when she takes up post as Director of Education and Children's Services in October 2009.

STAFF

Stòrlann welcomed Anne McCormack to the post of Designer (Publications) and Morag MacLean to the post of Translator in April 2009. Anne is an award-winning print designer with considerable experience in the commercial sector and Morag is a highly-regarded translator with long experience of working in the Gaelic education sector.

LOOKING AHEAD

At the time of writing, Stòrlann is half-way through its three-year Scottish Government/ Bòrd na Gàidhlig-funded publication programme. Establishment of priorities for the next period will be Stòrlann's focus in coming months. This work will be based on audit of previous years' output, feedback from teaching staff and advice from Her Majesty's Inspectorate of Education, Learning and Teaching Scotland and others.

Luchd-Obrach
Staff

Leòdhas
Lewis

Màiri Kidd, Ceannard
Mairi Kidd, Chief Executive

Mòrag NicDhòmhnaill, ‘gàidhlig airloidhne’
Marion MacDonald, ‘gaelic online’

Mairead NicIlleathain, Manaidsear oifise (0.9)
Margaret MacLean, Office manager (0.9)

Criosaidh NicRath, ‘An Seotal’
Chrissie MacRae, ‘An Seotal’

Seònag Nic a’ Mhaoilein, Neach-rianachd Phròiseactan
Johanna MacMillan, Project Admin Officer

Dòmhnall I MacRisnidh, Oifigear Phròiseactan
Donald J MacRitchie, Projects Officer

Johan Nic a’ Ghobhainn (0.3), Oifigear Phròiseactan
Johan Smith (0.3), Projects Officer

Mòrag NicIlleathain, Eadar-theangair
Morag MacLean, Translator

Màiri T. NicDhòmhnaill, Oifigear clèireachd (0.7)
Mairi T. MacDonald, Clerical Officer (0.7)

Inbhir Nis
Inverness

Catrìona Mhoireach, Oifigear Dearbhaidh-càileachd
Catriona Murray, Quality Assurance Officer

Port-rìgh
Portree

Aonghas I MacDhòmhnaill, Oifigear Leasachaidh
Angus J MacDonald, Development Officer

Niall Mac a’ Ghobhainn, Oifigear IT
Neil Smith, IT Officer

Shona NicCarmaig, Oifigear Leasachaidh
Shona Cormack, Development Officer

Emma Christie, Sgrìobhaiche Cùrsa
Emma Christie, Course Writer

Uibhist
Uist

Sarah NicEachainn, Oifigear Phròiseactan
Sarah MacEachen, Projects Officer

Eile
Other

Áine NicCarmaig, Neach-dealbhachaidh
Anne McCormack, Designer

Prìomh Gnìomhachd: Pròg ram Foillseachaidh
Main Activity: Publication Programme

Bha prìomhachas air a thoirt a-rithist do phròiseactan a' phròg raim foillseachaidh, air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig. Bha prìomhachasan trì bliadhna air an stèidheachadh roimhe tro shreath de choinneamhan co-chomhairleachaidh san Dùbhlachd 2007. Bha prìomhachasan air an daingneachadh le pannalan comhairleachaidh agus leis a' bhuidhinn eadar-ùghdarrais MRG.

Tha an clàr gu h-ìseal a' sealltainn nan goireasan ùra a rèir ìre agus cuspair, agus obair eile a tha anns a' bheairt.

Air Am Foillseachadh

Bun-Sgoiltean

Matamataig
Fuasgail is Freagair 1-3: Leabhraichean Mòr air Fuasgladh Cheist

Cànan agus Litearrachd
Lorgan Litreachaidh (an dàrna ceum): leabhar-tidseir eile sa phròg ram airson teagasg litreachais
Uamh nan Cnàmhan: nobhail goirseachail do cheann shuas na sgoile
Kar2ouche Sgrìobhadh Cruthachail: stuthan airson clàr geal a' ceangal obair-cànain ri obair tar-curraicealam, do mheadhan na sgoile
Persephone agus Na Ceithir Dràgoin: leabhraichean mòra airson sgrìobhadh com-pàirtichte, le leabhraichean-e
Ist! agus Faigh Iasg Dhòmhsa!: dà leabhar eile ann an sreath Catrìona air Chuairt, le pocain stòiridh agus CD-ROM
Roban agus Robag: leabhar mòr le ficsean agus neo-fhicsean do thràth ìrean

IT
IT nan Tràth Ìrean: cruinneachadh de ghnìomhan airson clàr geal no coimpiutair, le ceanglan ri ACfE

GLPS
Siuthad!: geama-bùird air puingean cànain agus topiagean GLPS topics

Priority was again given to projects on the publication programmes funded by The Scottish Government and Bòrd na Gàidhlig. Three-year priorities had been set through a series of consultation meetings in December 2007. Priorities were subject to approval by Advisory Panels and by the MRG consortium of Local Authorities in receipt of Specific Grant.

Detail below lists resources published by level and curriculum area, plus ongoing work.

Publications

Primary

Mathematics
Heinemann Mathematics Scotland: Series 4 Workbooks (reprint)

Language and Literacy
Lorgan Litreachaidh (stage 2): a further teacher's book in the new Gaelic spelling programme
Uamh nan Cnàmhan: a spooky novel for upper primary
Kar2ouche Sgrìobhadh Cruthachail: whiteboard materials tying literacy to other cross-curricular work, for mid primary
Persephone and Na Ceithir Dràgoin: Big Books for Shared Reading and Writing, with accompanying e-books
Ist! and Faigh Iasg Dhòmhsa!: two further books in the Catrìona air Chuairt series, each with an accompanying story-sack and CD-ROM
Roban agus Robag: Big book with related fiction and non-fiction texts for early years

IT
IT nan Tràth Ìrean: collection of activities for whiteboard or computer, with ACfE links

GLPS
Siuthad!: board-game tying language points to GLPS topics

Prìomh Gnìomhachd: Pròg ram Foillseachaidh
Main Activity: Publication Programme

Àrd-Sgoiltean

Gàidhlig
Ceumannan 1 agus Ceumannan Online: a' chiad cheum ann an cùrsa mòr ùr do luchd-ionnsachaidh
Gràmar na Gàidhlig: clàr-innse a' ceangal leabhar-obrach ri leabhar-teacsa
Sgriobtaichean dràma: sreath ùr stèidhichte air sgeulachdan goirid
Mairead, BJ agus Shen: nobhailean goirid
Mus tuit an Oidhche: nobhail

Maths
Matamataig Teejay Ìre D

Saidheans
Sgeama-saidheans Chomhairle Bhaile Ghlaschu: tuilleadh air-loidhne

Cruinn-eòlas
Measaidhean

Eachdraidh
Linn nan Caochlaidhean Mòra: leabhar-teacsa air Caochlaidhean Mòra an t-Saoghail

Nuadh-eòlas
Nuadh-eòlas AS1 agus 2: leabhar-teacsa

Secondary

Gaelic
Ceumannan 1 and Ceumannan Online: first stage of major new Gaelic course for learners
Gràmar na Gàidhlig: index tying work-book to theory text
Drama scripts: new series based on well-known short stories
Mairead, BJ and Shen: short novels
Mus tuit an Oidhche: novel

Maths
Teejay Maths Level D

Science
Glasgow City Council Science Scheme: more materials on-line

Geography
Measaidhean

History
Linn nan Caochlaidhean Mòra: textbook on The Age of Revolutions

Modern Studies
Nuadh-eòlas AS1 agus 2: textbook

Prìomh Gnìomhachd: Pròram Foillseachaidh
Main Activity: Publication Programme

Anns A' Bheairt

Bun-Sgoiltean

Matamataig
Giant Discussion 4-7: tuilleadh san t-sreath air Fuasgladh Cheist

Cànan agus Litearrachd
Cearcall a' Chruinne-cè: Cruinneachadh bàrdachd
Sgrìobhadh com-pàirtichte: teacsaichean airson ìrean 2 agus 3
Ailig Aurora: nobhail do cheann shuas na bun-sgoile
Sàr obair: foillseachadh ìre C san t-sreath
Faclair na Sgoile: faclair ùr stèidhichte air stuthan Brìgh nam Facal
Catrìona air Chuairt: tuilleadh phocain
Speak Out: sgriobtaichean le eadar-sgaradh 'do-fhaicsinneach' agus teamaichean tar-curraicealaim
Mìrean: program cànain

Eòlas Àrainneachd
Sreath leabhraichean bho **National Geographic Atlas** bho Oxford

Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh sa bhun-sgoil
Ùrachadh air stuthan-trèanaidh

In Progress

Primary

Matamataig
Giant Discussion 4-7: more in the Problem Solving series

Language and Literacy
Cearcall a' Chruinne-cè: Poetry collection
Sgrìobhadh com-pàirtichte: collection of Shared Writing texts for levels 2 and 3
Ailig Aurora: novel for upper primary
Sàr obair: publication of Level C
Faclair na Sgoile: all-new schools' dictionary based around Brìgh nam Facal content
Catrìona air Chuairt: pasganan eile
Speak Out: play scripts with 'invisible' differentiation and cross-curricular themes
Mìrean: language programme

Eòlas Àrainneachd
Sreath leabhraichean bho **National Geographic Atlas** from Oxford

GLPS
Revised teachers' materials

Prìomh Gnìomhachd: Pròg ram Foillseachaidh
Main Activity: Publication Programme

Àrd-Sgoiltean

Gàidhlig
Kidnapped 2006: nobhail
Ceumannan 2, 3
Eadar Dà Sgeul: cruinneachadh de sgeulachdan goirid le notaichean-tidseir
Pasgain air topaigean
Stuthan-èisteachd
Pàipearan-deuchainn

Matamataig
Matamataig Teejay Ìre F: teacsa
Matamataig Teejay Ìre D: stuthan obair-dachaigh
Matamataig Teejay Ìre E: stuthan obair-dachaigh
Matamataig Teejay Ìre F: stuthan obair-dachaigh

Cruinn-eòlas
Leabhar-teacsa airson AS3 agus 4

Saidheans
Goireas airson Clàr Geal: on chompanaidh Daydream Education
Saidheans 5-14 Leabhar an Sgoileir S1: bho Hodder Gibson
Saidheans 5-14 Leabhar an Sgoileir S2: bho Hodder Gibson

Eachdraidh
Rìoghachd na h-Alba anns na Meadhan Aoisean: leabhar bho Heinemann Education
A' Ghearmailt 1918 - 1939: leabhar bho Heinemann Education

Foghlam Corporra
Sreath phostairean

Eaconamas dachaigh
Pasgan

Secondary

Gàidhlig
Kidnapped 2006: novel
Ceumannan 2, 3
Eadar Dà Sgeul: collection of short stories with teacher support materials
Pasgain air topaigean
Listening Materials
Past papers

Maths
Teejay Maths Level F: textbook
Teejay Maths Level D: homework pack
Teejay Maths Level E: homework pack
Teejay Maths Level F: homework pack

Geography
Textbook for S3 and 4

Science
Whiteboard Materials: from publishers Daydream Education
Saidheans 5-14 Leabhar an Sgoileir S1: textbook from Hodder Gibson
Saidheans 5-14 Leabhar an Sgoileir S2: textbook from Hodder Gibson

History
Rìoghachd na h-Alba anns na Meadhan Aoisean: textbook from Heinemann Education
A' Ghearmailt 1918 - 1939: textbook from Heinemann Education

Physical Education
Series of posters

Home Economics
Pack

Mìrean

Sarah NicEachainn, Oifigear Phròiseactan
Sarah MacEachen, Projects Officer

Bha am pròiseact seo fo stiùir Sarah NicEachainn, Oifigear Phròiseactan Stòrlann:

’S e iomairt ùr chudromach airson foghlam Gàidhlig a th’ anns na stuthan seo. Tha iarrtas air a bhith ann thar nam bliadhnaichean airson prògram togail is leasachadh cànain don bhun-sgoil agus thòisich am pròiseas an-uiridh le seiseanan aig ‘An t-Alltan’, co-labhairt thidsearan a chùm Stòrlann. Chuir an luchd-teagaisg a bha an sàs sna seiseanan am beachdan ri planaichean Stòrlann agus chaidh aontachadh gum biodh trì prìomh shreathan de stuth anns a’ ghoireas:

- Notaichean-tidseir air structaran-cànain, a’ daingneachadh structaran agus a’ freagairt cheistean dhaibhsan aig nach eil trèanadh foirmeil ann an cànan
- Notaichean-tidseir sa bheil beachdan a thaobh mar a ghabhas structaran a theagasg, eisimpleirean agus daingneachadh anns a’ chlas
- Goireasan eile far a bheil iad seo mar-thà rim faotainn, me anns na seann phasgain ‘Òrain is Rannan’ agus ‘Dè thuirt thu?’

Chaidh na notaichean-cànain a sgrìobhadh le Dòmhnall Iain MacLeòid agus tha na notaichean-teagaisg gan sgrìobhadh an-dràsta le grunnan dhaoine, nam measg Angela Cheanadach a th’ air tòrr obrach a ghabhail os làimh do Chomhairle na Gàidhealtachd roimhe. Bidh beta dhen eadar-aghaidh a chaidh a dhealbhachadh le luchd-obrach Stòrlann ri fhaicinn aig ‘An t-Alltan 2009’ agus an uair sin bidh pìleat slàn air a chur air dòigh sa bhliadhn’ ùir.

Sarah MacEachen, Projects Officer, manged this project on behalf of Stòrlann:

These materials represent a significant new learning initiative for Gaelic education. There has been demand for some time for a language acquisition and development programme for Gaelic-medium education and the process began last year at ‘An t-Alltan’, Stòrlann’s teachers’ conference. Teaching staff involved in the sessions contributed to Stòrlann’s development plans with their own ideas and it was agreed that the resource would have three strands:

- *Teachers’ notes on language structures, consolidating structures and answering questions for those with no formal language training*
- *Teachers’ notes with ideas for teaching, modelling and consolidating structures in the classroom*
- *Other resources where these are available already, for example drawn from the earlier resource suites ‘Òrain is Rannan’ and ‘Dè thuirt thu?’*

The language notes have been written by Donald John MacLeod and the teaching notes are being written right now by a team of writers, including Angela Kennedy, who has undertaken resource development work for The Highland Council in the past. A beta of the interface, designed by Stòrlann staff, will be available at ‘An t-Alltan 2009’ and a full pilot is scheduled for the new year.

‘IT nan Tràth-ìrean’
Early Years IT

D.I. MacRitchie,
Oifigear Phròiseactan
D. J. MacRitchie,
Projects Officer

Bha am pròiseact seo fo stiùir D.I. MacRitchie, Oifigear Phròiseactan Stòrlann:

Chaidh an goireas seo bhon chompanaidh Smart Learning a lorg an toiseach le luchd-obrach Stòrlann aig Fèill Ionnsachaidh na h-Alba agus bha e air a thaghadh le pannalan-comhairleachaidh airson eadar-theangachadh. Bhathar ga mheas mar shàr-eisimpleir de ghoireas Thràth-ìrean leis mar a tha e a’ ceangal sgilean IT agus cànan ri obair thar-curraicealam.

Am measg nan topaigean a th’ air an còmhdach sa ghoireas tha na làithean sònraichte aig diofar chreideamhan. Mar phàirt den topaig sin, agus feadhainn eile, tha grunn bhidiothan goirid sa bheil clann a’ bruidhinn mu na làithean sònraichte aca fhèin is an teaghlaichean. Bhon a bha a’ chlann seo a’ riochdachadh nan diofar chreideamhan uile, cha robhar a’ meas gum biodh e air chomas bhidio ùr Gàidhlig a dhèanamh nan àite agus mar sin chaidh roghnachadh fuaim Gàidhlig a chur ris na bh’ ann. Seo a’ chiad uair a-riamh a ghabh Stòrlann obair dhen t-seòrsa seo os làimh agus bha e gu math inntinneach a bhith na lùib. Thathar a’ meas gun do dh’obraich a’ chùis agus gur e goireas feumail do chlasaichean tràtha na Gàidhlig a bhios ann.

D. J. MacRitchie, Projects Officer, managed this project on behalf of Stòrlann:

This resource, published originally by the company Smart Learning, was sourced by Stòrlann staff at the Scottish Learning Festival. It was subsequently selected by advisory panels for versioning, as it was deemed to be an excellent resource for Early Level given its focus on IT and language skills in cross-curricular contexts.

The topics covered by the resource include the special days of a number of world religions. This particular topic is presented in the format of a series of videos in which children discuss their own and their families’ experiences of special days. Since the children featured in the videos represent a wide range of faiths and backgrounds, it was quickly established that it would not be realistic to produce alternative Gaelic video and therefore it was decided that the original content should be dubbed. This was an entirely new area of activity for Stòrlann and it was a valuable learning experience. The company believes that the approach has been successful and ancitipates that the resource will be a valuable addition to the Early Level Gaelic classroom.

An t-Alltan

an t-alltan
co-labhairt do thidsearan Gàidhlig

Chaidh an tachartas mòr seo a lìbhrigeadh le sgioba Stòrlann gu lèir

Thàinig ceud tidsear bho àrd-sgoiltean agus bun-sgoiltean air feadh Alba ri chèile ann an Taigh-òsta Dhruim Athaisidh ann an Inbhir Nis air 8 agus 9 Dàmhair 2008-9 airson sùil a thoirt air goireasan ùra agus air iomairtean agus leasachaidhean ann an ionnsachadh agus teagasg co-cheangailte riutha seo. Bha cothroman ann eòlas a chur air bathar-bog ùra, dòighean-teagaisg a dheasbad agus cur ri leasachadh stuthan ùra. Chaidh a' cho-labhairt a chur air bhog le fàilteachadh bho Chomairle na Gàidhealtachd aig an tug Hamish Friseal, Cathraiche Comataidh Gàidhlig na Comhairle, iomradh air na leasachaidhean ùra a tha a' tabhann chothroman ùra do Ghàidheil òga an-diugh, leithid sgoiltean Gàidhlig agus an sianal ùr 'BBC Alba'.

Ann a bhith a' meas na co-labhairt, thuirt deagh chuid de na bha an làthair gum 'bu chòir seo tachairt a h-uile bliadhna.' Agus fhuaradh maoineachadh bho MRG mu choinneamh tachartas eile ann an 2009. Anns an eadar-ama, chaidh pàipearan na co-labhairt gu lèir a chur air an làrach aig Stòrlann aig http://www.storlann.co.uk/an-t-alltan/2008-gaidhlig.

This major project was delivered by the entire staff team of Stòrlann

One hundred teachers from secondary and primary schools throughout Scotland came together in the Drumossie Hotel in Inverness on 8 and 9 October 2008 to explore new resources and related learning and teaching developments and approaches. Amongst the sessions on offer were technical training in the use of new software, opportunities to debate methodology and a chance to contribute to the development of new resources. The opening of the conference was marked by a reception hosted by The Highland Council, at which Cllr Hamish Fraser, the Chair of the Gaelic Committee of The Highland Council, welcomed the range of new opportunities opening up for young Gaelic speakers and learners, such as all-Gaelic schools and the new Gaelic digital channel 'BBC Alba'.

In assessing the impact of the conference, a large number of teachers expressed their hope that the event would become an annual fixture in the education calendar. Funding was secured from MRG for a 2009 event and in the interim all conference papers were made available on Stòrlann's website at http://www.storlann.co.uk/an-t-alltan/2008-english.

www.GAELIC4PARENTS.com

www.gaelic4parents.com

Lean an t-seirbhis-taice airson obair-dachaigh tron bhliadhna le còrr is 150 teaghlach a' tadhal còrr is aon turas. Bha cosgaisean luchd-obrach is eile air am maoineachadh le **Comhairle nan Eilean Siar.**

www.gaelic4parents.com

The online homework support chatroom service was maintained through the year, with around 150 families making repeat visits. Costs of staffing and other developments were met by Comhairle nan Eilean Siar.

An Seotal

Lean obair air a' phròiseact seo fo stiùir Criosaidh NicRath, prìomh phannal de dh'eòlaichean cànain agus pannalan comhairleachaidh de thidsearan. Thathar a-nis air an deagh chuid briathrachais aontachadh anns na raointean a leanas:

- Saidheans
- Nuadh-eòlas
- Coimpiutaireachd
- Eaconamas dachaigh
- Ceòl
- Curraicealam airson Sàr-mhathais (an co-bhuinn ri LTS)
- Ainmean-àite (mu choinneamh pròiseact Atlas)

Thugadh ceum mòr air adhart ann an 2009 nuair a chaidh gabhail ri briathrachas 'An Seotal' gu h-oifigeil le Urras Theisteanasan na h-Alba airson a bhith air a chleachdadh ann an deuchainn tro mheadhan na Gàidhlig.

Chaidh ath-sgrùdadh a dhèanamh air prionnsapail a' phròiseict ri linn leasachaidhean ùra agus chaidh prionnsapail ùra a chruthachadh airson ainmean-àite taobh a-muigh Alba.

Bha Cothrom aig 'An Seotal' air greisean gnìomhachais a thoirt do ghrunnan oileanach tron t-samhradh. Tha taing mhòr a' dol gu Seumas MacPhàrlain bho Oilthigh Ghlaschu, a bha ag obair air briathrachas ciùil còmhla rinn tro sgeama Shell UK, fo sgèith Colaist a' Chaisteil.

Nochdaidh grunnan ghoireasan bho 'An Seotal' anns na mìosan ri thighinn mar dhòigh gus briathrachas ùr a sgaoileadh, nam measg postair de chlàr nan eileamaidean agus leabhran de bhriathrachas eadar-lìn.

An Seotal

Work on 'An Seotal' continued under the management of Chrissie MacRae, the principal advisory panel of linguists and advisory groups of teachers. A significant amount of terminology has been agreed, in the following areas:

- *Science*
- *Modern Studies*
- *Computing*
- *Home Economics*
- *Music*
- *A Curriculum for Excellence (in partnership with LTS)*
- *Placenames (for use in a forthcoming Atlas project)*

The project took a significant step forward in 2009 when the terminology in 'An Seotal' was recognised by the Scottish Qualifications Authority for use in Gaelic-medium qualifications.

The project's principles were revisited in the light of new developments and new principles were created for the treatment of placenames outside Scotland.

'An Seotal' benefitted from the opportunity to offer work placements to a number of students during the summer. Particular thanks are due to James MacParland from Glasgow University, who contributed to the development of music terminology through the Shell UK Scheme, under the auspices of Lews Castle College.

A number of resources are in production from 'An Seotal' and will appear in coming months. These include a poster of the periodic table and a booklet of internet terminology, designed to promulagate new terminology and advertise the project.



Com Pàirteachadh
Partnership

Ionnsachadh Agus Teagasg Alba
Chaidh structaran ùra a stèidheachadh airson Gàidhlig air-loidhne a thoirt air adhart mar phàirt de sheirbheis LTS seach mar phròiseact fa leth. Tron bhliadhna tha Stòrlann agus LTS air obrachadh còmhla air eadar-theangachadh ghoireasan, eadar-theangachadh agus dearbhadh-càileachd eile, briathrachas agus pròiseactan ùra CPD.

Bha luchd-obrach Stòrlann an sàs ann an leasachaidhean ùra a thaobh Cruinn-eòlas aig Astar.

Comhairle Na Gàidhealtachd
Fhuair Stòrlann cothrom a-rithist cuid de na stuthan-teagaisg a bh' air an deisealachadh le Comhairle na Gàidhealtachd a sgaoileadh gu sgoiltean eile air feadh Alba. Thathar gu mòr an comain na comhairle airson na stuthan seo a roinn san dòigh fhialaidh seo.

BBC Craoladh Nan Gàidheal
Thàinig Stòrlann agus BBC Craoladh nan Gàidheal ri chèile grunn thursan tron bhliadhna airson fiosrachadh iomlaid air planaichean agus ro-innleachdan.

Bòrd Na Gàidhlig
Bha Stòrlann a-rithist an sàs anns a' bhuidheann-obrach air foillseachadh Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig, sa Bhuidheann Stiùiridh Nàiseanta Foghlam Gàidhlig agus ann am buidhnean-obrach air Goireasan, Briathrachas agus Eadar-theangachadh agus Curraicealam Àrd-sgoile Gàidhlig. Chuir Stòrlann air chois seiminear latha às leth nam buidheann-obrach air Goireasan do dh'Òigridh aig an deach aontachadh gu bheil feum air ro-innleachd nàiseanta san raon seo. Bidh Stòrlann an sàs san obair seo, agus cuideachd ann an ro-innleachd nàiseanta airson CPD do luchd-teagaisg.

An t-Áisaonad
Thàinig luchd-obrach Stòrlann agus luchd-obrach An t-Áisaonad còmhla grunn thursan airson cothroman co-obrachaidh a rannsachadh.

Fèisean Nan Gàidheal
Ghabh Fèisean nan Gàidheal os làimh cuairt-dràma do dh'àrd-sgoiltean an compàirt le Stòrlann. Chaidh sgriobt ùr bho phròg ram foillseachaidh Stòrlann a chleachdadh airson na cuairte.

Learning And Teaching Scotland
New management structures were established during the year which saw Gaelic Online managed as an integral part of LTS's online service as opposed to an external project. Stòrlann and LTS have therefore focused partnership activity on the versioning of other resources, translation and quality assurance, terminology creation and new CPD initiatives.

Stòrlann staff were involved in redevelopment of the Cruinn-eòlas aig Astar project.

The Highland Council
Stòrlann was again invited to distribute resources produced under The Highland Council's programmes to schools across the country. This represents a significant service to other authorities and a most generous sharing of The Highland Council's resources.

BBC Craoladh Nan Gàidheal
Stòrlann and representatives from BBC Craoladh nan Gàidheal came together several times in order to share information on plans and strategies.

Bòrd Na Gàidhlig
Stòrlann was involved in Bòrd na Gàidhlig's working-group on Publishing, in the National Gaelic Education Steering Group and in working groups on Resources. Terminology and Translation and the Secondary Gaelic Curriculum. Stòrlann undertook to arrange a day-seminar on behalf of the Resources group on Content for Young People and will be involved in the creation of the strategy identified by participants as key to development in this sector. Stòrlann is also involved in the development of a national strategy for CPD for the Gaelic teaching profession.

An t-Áisaonad
Stòrlann and Áisaonad staff came together several times during the year to explore opportunities for co-working.

Fèisean Nan Gàidheal
Fèisean nan Gàidheal undertook to stage a drama tour of secondary schools in partnership with Stòrlann, using a script commissioned under Stòrlann's publication programme.



Sùil Air Adhart: Prìomhachasan Airson 2009-10
The Road Ahead: Priorities For 2009-10

Ann an 2009-10, 's e amasan **Stòrlann:**

Pròg ram leudaichte de phròiseactan a lìbhrigeadh, mar phàirt de phlana ro-innleachdail trì bliadhna air a stèidheachadh air prìomhachasan raon foghlam na Gàidhlig, Riaghaltas na h-Alba is Bòrd na Gàidhlig;

Goireasan a dheasachadh ann an Gàidhlig bho thùs far a bheil sin na chomas agus càileachd nan stuthan seo a leasachadh;

Ceanglaichean a leasachadh le solaraichean ghoireasan taobh a-muigh Alba gus ionnsachadh bho fhiosrachadh chàich agus gus cothroman co-obrachaidh a rannsachadh, gu sònraichte far a bheil sàbhalaidhean rin dèanamh;

Pàirt a ghabhail ann an leasachaidhean nàiseanta ann am foghlam Gàidhlig;

Tuilleadh maoineachaidh a lorg airson leasachadh ghoireasan agus gach cothrom a chleachdadh gus àireamh agus càileachd fhoillseachaidhean a mheudachadh;

Seirbheisean-taic do thidsearan a leasachadh tro cho-obrachadh le LTS agus Bòrd na Gàidhlig, agus tachartasan nàiseanta air an lìbhrigeadh le Stòrlann is eile, me An t-Alltan.

Stòrlann's aims for 2009-10:

The delivery of an extended programme of resources as part of a three-year strategic plan reflecting the priorities of the Gaelic education sector, The Scottish Government and Bòrd na Gàidhlig;

The creation of original Gaelic resources where practical and the improvement of the quality of such resources;

The development of links with resource providers outside Scotland with the objective of sharing practice and establishing whether opportunities exist for co-working, particularly where this would facilitate cost savings;

Take part in national developments in Gaelic education;

To source additional funding for resource development and to capitalise upon every opportunity of increasing the range, scope and quality of publications;

To develop support mechanisms for teachers through co-working with LTS and Bòrd na Gàidhlig, and through national events managed by Stòrlann and others, e.g. An t-Alltan.